

# A' dèanamh fàisneachd air na Fuadaichean


## Coinneach Odhar Fiosaire

Thatar a' creidsinn gun robh clach aig Coinneach MacCoinnich – am Brahan Seer no Coinneach Odhar **Fiosaire** mar as fheàrr as aithne dhuinn e. Bha toll tron mheadhan agus bhiodh Coinneach a' faicinn sheallaidean tron toll. Rugadh Coinneach ann am Baile na Cille ann an Ùige, Eilean Leòdhais aig toiseach an t-17mh linn. Bha an dà-shealladh aige – chitheadh e an saoghal seo agus saoghal eile **ri teachd** aig an aon àm.



## Fàisneachdan

Tha mòran a' smaoineachadh gun do rinn e **fàisneachd** fhìor air rudan mar **Blàr Chùil Lodair**, “**Ò! A Dhruim Athaisidh, thèid do mhonadh lom a dhath leis an fhuil as fheàrr bhon Ghàidhealtachd.**” agus air obair na h-ola sa Chuan a Tuath, “**Bheir uisge dubh beairteas mòr a dh’Obar Dheathain.**”



Leis an **fhàisneachd** “**Thig an latha nuair a chuireas na caoraich mhòra an crann-treabhaidh suas anns na cabaran ... Lìonaidh na caoraich mhòra an dùthach gu ruig a cuan a tuath ... mu dheireadh thall, tillidh seann fhir bho thìrean ùra,**” thatar am beachd gum faca e teaghlaichean Gàidhealach air an **ruagadh** às na dachaighean aca leis na **h-uachdarain** a bha airson caoraich a chur air an **fhearann**.



Canar na **Fuadaichean** ris an àm annoch san 18mh **linn** agus am meadhan an 19mh linn nuair a chaidh Gàidheil a chur far an **fhearan**. Aig an àm sin cuideachd chaith siostam traidiseanta nan **cinnidhean a sgrios**, dh'fhalbh an **sluagh** a bha a-muigh air an dùthaich agus rinn mòran **eilthireachd** à Alba.

### **Mar a thachair**


An robh na h-uachdarain a' feuchainn rim **beairteas** a ghleidheadh? No an robh **riaghaltas** Bhreatann a' feuchainn ri **piseach** a thoirt air **dòigh-beatha** nan Gàidheal le bhith a' cur às do shiostam nan cinnidhean agus a' toirt atharrachadh air an **eaonamaidh** agus air **àiteachas**? Ge bith dè bha air an cùl, air sgàth nam **Fuadaichean**, ron 20mh **linn** cha robh ann an **raointean** mòra den Ghàidhealtachd ach **monaidhean** le **raineach**, fèidh agus **cearcan-fraoich**.

## An Saoghal Ùr

Chaidh **impidh** a chur air Gàidheil Alba fhàgail an dèidh 1830, len toil no **an aghaidh an toil**. Thug na **Fuadaichean** agus an fharpais airson **fearann**, obraichean agus taighean air mìltean dhiubh siubhal dhan t-Saoghal Ùr. Bha **eilthireachd a' tairgsinn soirbheachas**.



Chuir **croitearan** eòlach **fearann** air dòigh ann an Ameireaga agus Canada air **stèidh iasaid**, agus bha Gàidheil a rinn **eilthireachd** an sin ag obair air **tuathanasan** chaorach agus **chruidh**. Bha obair ann cuideachd a' togail rathaidean, sgoiltean agus eaglaisean anns na **tuineachaidhean** ùra.



**Thug na h-obraichean ud pàigheadh na b' fheàrr dhaibh agus bith-beò na b' fheàrr.**

Chuir na h-eilthirich litrichean dhachaigh gu càirdean agus caraidean ag innse dhaibh cho math 's a bha iad a' faighinn air adhart. Thug na sgeulachdan mu **shoirbheachas** air barrachd is barrachd Ghàidheil an dachaighean fhàgail 's iad an dòchas **fortan** a dhèanamh san t-Saoghal Ùr.